

Stiùireadh-measaidh Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig 2026/27

Gaelic Early Years Grants 2026/27 Assessment Guidance

Sgrùdadh ro-mheasaidh air iarrtasan / Pre-assessment application screening

Bu chòir gun tèid gach iarrtas a’ sgrùdadh mus tèid e airson a’ mheasadh airson dearbhadh gu bheil e leantainn riaghailtean na sgeama [mar a tha air a chur an cèill san stiùireadh](#). Mur eil e leantainn na riaghailtean a leanas, bu chòir gun tèid iarraidh air an neach-iarrtais na mearachdan ceartachadh taobh a-staigh 10 làithean-obrach, no nach tèid an iarrtas air adhart airson measadh, agus thèid an iarrtas a dhiùltadh.

Each application should be screened before assessment to ensure it follows the rules of the scheme [set out in the guidance](#). If it does not follow the rules below, the applicant should be asked to correct any errors within 10 working days, or the application will not be assessed, and the application declined.

- Iarrtas taic-airgid fo £4,000 (ma tha iad libhrigeadh 1 seisean san t-seachdain) no fo £15,000 (airson 2+ seiseanan san t-seachdain)
- Teachd-a-steach agus cosgaisean slàn airson a’ bhuidheann ri fhaighinn
- Fiosrachadh-taice riatanach air a chur a-steach
- Iarrtas air a chur a-steach le ball den Chomataidh
- Dearbhadh PVG air a thoirt seachad do stiùirichean-cluiche is buill chomataidh
- Funding request of £4,000 or under (if delivering 1 session per week) or £15,000 or under (for 2+ sessions per week)
- Full projected income and expenditure outlined
- Required supporting documentation submitted
- Application submitted by committee member (or appropriate staff member)
- PVG confirmations for playleaders and committee members provided

Molaidhean airson sgòradh / Scoring recommendations

Tha an stiùireadh seo ann gus taic a thoirt do mheasadh iarrtasan airson Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean 2026/27. Tha dà phàirt den stiùireadh: Buaidh agus Libhrigeadh. Thathar an dùil gum bi sgòr de 60% no nas àirde gu h-iomlan agus co-dhiù 1 airson gach slat-tomhais a dhìth airson iarrtas a bhith soirbheachail.

This guidance provides support to assessing applications for the Gaelic Early Years Grants 2026/27. There are two parts to the assessment: Impact and Delivery. It is expected that a score of 60% or more overall and of at least 1 for each measure is required for an application to be successful.

Bu chòir gach puing-measaidh air a bhith a’ sgòradh a-mach a 5, le stiùireadh gu h-ìosal air na tha gach sgòr a’ comharrachadh. Ma tha stiùireadh sònraichte ann airson puing-measaidh, bu chòir sin a bhith air an gabhail mar prìomhachais.

Each assessment criteria should be scored out of 5, with guidance below on what each score represents. However, if there is specialist guidance provided then that should be considered as a priority.

5	4	3	2	1
Gu math làidir / Very strong	Làidir / Strong	Soilleir / Clear	Lag / Weak	Gu math lag / Very weak

Eachdraidh Faidhle / Version history		
V1	Air fhoillseachadh / Published	14 Cèitean / May 2026

Buaidh		Impact
A' libhrigeadh amasan na maoine	20%	Delivering the aims of the fund
<ul style="list-style-type: none"> Ciamar a tha an t-iarrtas a' sealltainn gu bheil e a' tabhann ìre fhreagarrach de sholar tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig dhan a' choimhearsnachd? Dè cho làidir is a tha an t-iarrtas ann a bhith a' sealltainn soirbheachas na buidhne a thaobh àrdachadh àireamhan-frithealaidh is àireamhan ann an ionadan FtMG san sgìre aca? Dè cho math agus a tha an t-iarrtas a' toirt iomradh air obair a tha a' bhuidheann a' dèanamh gus taic a chumail ri pàrantan a thaobh tuigse air buannachdan FtG agus taic a chumail ri clann aig an taigh? 		<ul style="list-style-type: none"> How does the application show that it will provide an appropriate level of Gaelic early years provision for the community? How strongly does the application show the group's success in growing attendee numbers and growing numbers of children in their local GME settings? How well does the application discuss the work they do to support parents to understand the benefits of GME and support their children at home?
Càileachd nan seiseanan	15%	Quality of sessions
<ul style="list-style-type: none"> Dè cho làidir is a tha an t-iarrtas ann a bhith a' sealltainn càileachd seiseanan na buidhne? Dè cho follaiseach is a tha e gu bheil deagh chuid is ìre de Ghàidhlig an lùib seiseanan na buidhne? 		<ul style="list-style-type: none"> How strongly does the application show the quality of the group's sessions? How clear is it that there is a high proportion and quality of Gaelic used in the group's sessions?
A' toirt fàs air a' bhuidheann is FtMG	15%	Growing the group and GME
<ul style="list-style-type: none"> Dè cho math agus a tha a' bhuidheann a' toirt fàs air àireamhan-frithealaidh? Dè cho math agus a tha a' bhuidheann a' toirt fàs air àireamhan an luchd-frithealaidh a tha a' dol air adhart gu FtG? Dè cho math agus a tha a' bhuidheann ag obair le buidhnean eile agus sgoiltean san sgìre airson FtG a bhrosnachadh? 		<ul style="list-style-type: none"> How well is the group expanding its membership? How well is the group growing the numbers of attendees that go on to GME? How well is the group engaging with local groups and local schools to promote GME?
Lìbhrigeadh		Delivering
Comas lìbhrigidh	20%	Ability to deliver
<ul style="list-style-type: none"> A bheil an t-iarrtas a' sealltainn comasan gu leòr aig a' bhuidhinn gus na seiseanan a libhrigeadh gu soirbheachail? A bheil e soilleir bhon iarrtas ma a bhios na seiseanan air a libhrigeadh is gu bheil na stiùirichean-cluiche freagarrach airson na seiseanan libhrigeadh? A bheil an àite-còmhnaidh airson na seiseanan freagarrach? A bheil an comataidh freagarrach airson na buidhne a-rèir an àireamh seiseanan a tha iad gu bhith ruith is luach an tabhartas air iarraidh? Am bi am buidseat iomchaidh airson na seiseanan a libhrigeadh gu h-iomlan? A bheil am buidheann air riatanasan de tabhartasan a-cheana a choileanadh (m.e. a' tilleadh aithisgean adhartais ann an deagh ùine)? 		<ul style="list-style-type: none"> Does the application demonstrate that the group has sufficient capability to deliver the sessions successfully? Is it clear from the application how the sessions will be undertaken and that the playleaders are appropriate for delivering these sessions? Is the venue for the sessions suitable? Is the committee for the group appropriate for the number of sessions and value of grant received? Is the budget reasonable to deliver the sessions fully? Has the group adhered to requirements under previous awards (e.g. returning progress reports promptly)? Has the application shown that how the group will advertise their sessions in an appropriate way, including acknowledgement of Bòrd na Gàidhlig's funding?

- A bheil an iarrtas a sealltainn mar a bhios am buidheann sanasachd na seiseanan aca ann an dòigh iomchaidh, is aithneachadh taic-airgid a’ Bhùird?

Luach an airgid

15%

Value for money

- A bheil an ìre taic-airgid airson gach pàiste gach seisean freagarrach?
- A bheil am buidseat reusanta airson a leithid agus e a’ coimhead air cosgaisean a lùghdachadh far a bheil sin comasach?
- A bheil taic iomchaidh ann bho thùsan eile, cìsean nam measg?
- A bheil am buidheann air a shealltainn gun urrainn dhaibh maoinachadh stiùireadh agus cleachdadh ann an dòigh èifeachdach?
- Ciamar a tha am buidheann air adhartais a shealltainn bho bhliadhnaichean anns an d’fhuair iad taic-airgid a-cheana?

- Is the level of overall subsidy per child per session appropriate?
- Is the budget reasonable and does it look to minimise costs where possible?
- Is there appropriate funding from other sources, including fees?
- Has the group shown that it can manage and use funding effectively?
- How has the group shown improvement over previous years for which they have been awarded funding?

Sgrùdadh is measadh

10%

Monitoring & evaluation

- Dè cho làidir agus a tha planaichean na buidhne airson an obair aca a mheasadh?
- A bheil cothroman aig pàrantan beachdan a thoirt air ais dhan bhuidhinn?
- A bheil am buidheann air targaidean freagarrach a chur romhpa fhèin?

- How strong are the group’s plans to assess their work?
- Are there opportunities for parents to provide feedback to the group?
- Have the group set appropriate targets for themselves?

Pàrantan Corporra

5%

Corporate Parenting

- A bheil an t-iarrtas a’ toirt cothroman do dhaoine òga fo chùram, agus ma tha dè cho math agus a tha e ann a bhith freagairt nam feumalachdan aca?

- Does the application provide opportunities for young people in care, and if so, how well does it consider their needs?

Ma tha an t-iarrtas a’ sealltainn gu bheil iad air feart a thoirt air na ceistean ach nach bi am buidheann a’ tabhann cothroman gu sònraichte a thaobh Pàrantan Corporra, thoir seachad sgòr de 3.

If the application shows appropriate consideration of the questions but that the group will not specifically offer opportunities in relation to Corporate Parenting, then score 3.

Bidh sgòr iomlan an uair sin air a ruighinn le bhith ag iomadachadh sgòr a-mach à 5 airson gach slat-tomhais le cuideam gach slat-tomhais, agus iad seo a chur còmhla, mar a chithear san eisimpleir gu h-ìosal.

A final score is then provided by multiplying each criteria’s score out of 5 by the weight of each criteria, and adding these together, as exemplified below:

Slat-tomhais / Criteria	Sgòr / Score	Cuideam / Weight	Sgòr le cuideam / Weighted score
Amasan na maoine / Aims of the fund	5/5	20%	20%
Càileachd na seiseanan / Session quality	4/5	15%	12%
A’ toirt fàs air a’ bhuidheann is FtMG / Growing the group and GME	3/5	15%	9%
Comas libhrigidh / Ability to deliver	3/5	20%	12%
Luach an airgid / Value for money	3/5	15%	9%
Sgrùdadh is luachadh / Monitoring and evaluation	2/5	10%	4%
ACII / EEDI	4/5	5%	4%
IOMLAN / TOTALS		100%	70%

Measadh mar phannal / Panel assessment

Às dèidh do bhuill a' phannail na h-iarrtasan a mheasadh, thig iad còmhla gus aonta a ruighinn air:

- A bheilear a' moladh taic-airgid dhan iarrtas?
 - Ma tha:
 - Dè an t-sùm airgid a thathar a' moladh?
 - A bheil cumhaichean no prìomh chomharran coileanaidh (PCCan) ri mholadh airson an aonta
 - Mura h-eil, carson nach eil an t-iarrtas freagarrach?

Thèid na molaidhean seo, is sùm chuibheasach sgòran gach buill fa-leth, a chur dhan Sgioba Stiùiridh.

After the panel members have assessed each application, they will meet to reach an agreement on:

- Is support recommended for the application?
 - If so:
 - What sum is being recommended?
 - Are there any conditions or key performance indicators (KPIs) to be recommended for the agreement?
 - If not, why is the application not suitable?

These recommendations, along with the average scores of panel members, will be put to the Senior Management Team.

Airson gach iarrtais a tha am pannal-measaidh a' moladh dhan Sgioba Stiùiridh, faodaidh iad moladh gum bithear a' tabhann sùm taic-airgid a tha nas lugha na an t-sùm a chaidh iarraidh chun na h-ìre a tha am pannal den bheachd gum bi an t-sùm:

- 1) A' toirt seachad luach an airgid do Bhòrd na Gàidhlig
- 2) Fhathast a' leigeil leis a' bhuidheann ag obair

For each application that the assessment panel recommends to the Senior Management Team, they may recommend a funding offer that is lower than the requested sum to the extent that the panel believes the amount provided:

- 1) Delivers value for money for Bòrd na Gàidhlig
- 2) Will still allow the group to run

Ma tha barrachd taic-airgid air a mholadh dha bhuidhnean na tha comasach a thaobh buidseat, bu chòir na molaidhean dhan Sgioba Stiùiridh a bhith air an dèanamh a-rèir sgòr iomlan a' phannail agus cuspairean iomchaidh sam bith eile (m.e. dearbhadh gu bheil farsaingeachd de bhuidhnean ann a-rèir cruinn-eòlas).

If more funding is recommended for groups than budget will allow, the recommendations to the Senior Management Team should be made on the basis of the panel's total score for the applications and any other relevant factors (e.g. ensuring a proportionate range of groups supported geographically).

Co-dhùnidhean Sgioba Stiùiridh / Senior Management Team decision

Bidh Sgioba Stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a' tighinn gu co-dhùnadh air na h-iarrtasan uile, a thaobh a bheilear a' toirt seachad taic-airgid no nach eil, agus ma tha an t-iarrtas soirbheachail dè an t-sùm a bhithear a thabhann is cumhaichean no PCCan ri chur san aonta.

Faodaidh an Sgioba Stiùiridh dol an-aghaidh molaidhean a' phannail gu tur no ann am pàirt.

Dh'fhaodadh gun iarr an Sgioba Stiùiridh tuilleadh fiosrachaidh airson co-dhùnadh a dhèanamh, no dh'fhaodadh gun aontaich iad ri iarrtas "ann am prionnsapal", far am bi cumhaichean ri choileanadh mus tèid taic aontachadh dhan a' bhuidheann.

Bòrd na Gàidhlig's Senior Management Team will make the final decision on all applications, whether to award funding, what sum to award, and any conditions or KPIs for successful applications

These decisions may disagree with recommendations of the panel, either in full or in part. The Senior Management Team may request further information to reach a decision, or may agree an application "in principle", whereby conditions must be fulfilled before support is agreed for the group.